












**AG ULLACHADH AIRSON ÈGINN**  
AM FIOSRACHADH A THA DHÌTH OIRBH

## Clàr-innse

-  3 Tha an leabhran seo ag innse dhuinn dè th' agaibh ri dhèanamh an àm èiginn
-  4 Comhairle san fharsaingeachd mu na nì sibh an àm èiginn
-  6 A' gabhail gnothaich ri diofar sheòrsaichean èiginn
-  10 Na nì sibh mura bheil sibh aig an taigh
-  12 Ciad Chobhair bhunaiteach
-  14 Ag ullachadh airson èiginn – nas urrainn dhuibh a dhèanamh
-  16 A' cuideachadh gus stad a chur air ionnsaigh le luchd-oillteachais
-  18 Dè thathar a' dèanamh gus an Rìoghachd Aonaichte a dhìon?
-  20 A' cur fios an àm èiginn
-  21 Rudan rin cuimhneachadh



Tha an stuth a chaidh a chleachdadh san fhoillseachan seo air a dhèanamh suas de 75 % de thruileis luchd-caitheimh agus 25 % de shnàithleach nàdarraich



# Tha an leabhran seo ag innse dhuibh dè th' agaibh ri dhèanamh an àm **èiginn**



*“Tha Comann Ullachadh airson na h-Èiginn den bheachd gu bheil an leabhran seo a’ toirt seachad comhairle a tha prìseil agus ciallach dhan a’ phobal, a ghabhas cleachdadh ann an iomadach suidheachadh aig an taigh. Is e rud math a tha ann gum bi a’ chomhairle seo aig a h-uile teaghlach.”* [Debbie Spargo, Ceannard, Comann Ullachadh airson na h-Èiginn](#)

Tha an Riaghaltas ag obair gu dìcheallach gus a dhèanamh cinnteach gum bi an Rìoghachd Aonaichte cho ullamh agus a ghabhas ma dh’èireas èiginn agus tha e cudromach gum bi sibh fhèin ullamh cuideachd. Le bhith ullamh agus fiosraichte, faodaidh sibh lùghdachadh nach beag a dhèanamh air a’ ghàbhadh do bheatha agus do sheilbh.

Bheir an leabhran seo fiosrachadh dhuibh mun dòigh san urrainn dhuibh sibh fhèin agus an teaghlach agaibh a chuideachadh an àm èiginn. Tha mòran den fhiosrachadh seo stèidhichte air comhairle a tha ciallach agus toiniseil agus is dòcha gum bi an coltas air gu bheil e tuilleadh is follaiseach dhuibh ach tha e air beatha a ghleidheadh san àm a dh’fhalbh. Leigidh e fios thugaibh cuideachd dè chaidh a dhèanamh gus an rìoghachd againn ullachadh agus a dhìon o chionn beagan bhliadhnaichean.

# Comhairle san fharsaingeachd mu na nì sibh an àm èiginn

Ma thachras dhuibh a bhith am meadhan èiginn, bidh ur toiniseag agus tùr gur stiùireadh mar as trice. Tha e cudromach, ge-tà, gun dèan sibh na leanas:

- Dèanaibh cinnteach gun deach fios a chur gu **999** ma tha daoine air an leòn no ma tha beatha an cunnart
- Na cuiribh sibh fhèin no daoine eile an cunnart
- Gabhaibh comhairle luchd nan seirbheisean-èiginn
- Dèanaibh oidhirp air gabhail air ur socair agus breithnichibh mus dèan sibh càil agus dèanaibh oidhirp air misneach a thoirt do dhaoine eile
- Seallaibh a bheil leòn sam bith ann – cuimhnichibh air cuideachadh a thoirt dhuibh fhèin mus dèan sibh oidhirp air cuideachadh a thoirt do dhaoine eile

Mas e ‘s nach do bhuail an tubaist oirbh fhèin ach gu bheil sibh faisg air làimh no ma tha sibh den bheachd gu bheil sibh an cunnart, is e a’ chomhairle, mar as trice:

- Rachaibh am broinn togalaich a tha slàn sàbhailte
- Fuirichibh na bhroinn gus am faigh sibh comhairle a chaochladh a dhèanamh
- Dèanaibh cluas ri èisteachd ri radio no telebhisean ionadail airson barrachd fiosrachaidh

Gun teagamh, bidh amannan ann an-còmhnaidh nuair nach bu chòir dhuibh “dol am broinn” togalaich, mar eisimpleir ma tha teine ann. Mura bheil: **RACHAIBH NA BHROINN, FUIRICHIBH NA BHROINN, DÈANAIBH CLUAS RI ÈISTEACHD.**

Rachaibh na bhroinn, Fuirichibh na bhroinn, Dèanaibh cluas ri èisteachd – thathar ag aithneachadh agus a’ cleachdadh na comhairle seo air feadh an t-saoghail. Chaidh a leasachadh le Comataidh-stiùiridh Neo-eisimeileach na Rìoghachd mu bhith a’ Toirt Rabhaidh agus Fiosrachaidh don Phoball mar a’ chomhairle choitcheann as fheàrr ri thoirt do dhaoine anns a’ cuid as motha de shuidheachaidhean èiginn.



Rachaibh na bhroinn, Fuirichibh na bhroinn,  
Dèanaibh cluas ri èisteachd



Tha aonta le buidhnean radio agus telebhisein gum brisear a-steach air prògraman ma tha èiginn mhòr ann gus comhairle mu thèarainteachd phoblach a thoirt do dhaoine mu na thachairt gus am faigh sibh a’ chomhairle a tha dhìth oirbh ma chuireas sibh **AIR GHLEUS** gu h-ionadail no an àite sam bith san Rìoghachd Aonaichte.

Dèanaibh cluas ri eisteachd

# A' gabhail gnothaich ri diofar sheòrsaichean èiginn

Tha luchd nan seirbheisean-èiginn air an ullachadh gus dèiligeadh ri tomhas farsaing de shuidheachaidhean èiginn ach tha tòrr a nì sibh gus iadsan agus sibhse a chuideachadh.

- Lùghdachaibh ìre nan gàbhaidhean teine aig an taigh
- Cuiribh a-steach innealan-rabhaidh teine agus gleidhibh iad – co dhiù aonan air gach làr
- Bidh a' chuid as motha de shuidheachaidhean far a bheil daoine a' dol bàs no gan leòn ri linn teine a' tachairt nuair a tha iad nan cadal. Cruthaichibh rathad-teichidh mus èirich teine san oidhche
- Ma tha teine ann, teichibh a-mach, fuirichibh an sin agus cuiribh fios gu **999**
- Na cleachdaibh an t-àrdaichear aig àm sam bith
- Ma tha sibh a' gluasad no air ur bacadh ann an toit, cumaibh gu dlùth ris an làr far an glaine an àile
- Ma tha doras teth, na fosglaibh e oir is ro dhòcha gun bheil seo a' ciallachadh gu bheil teine air an taobh thall
- Cuimnhichibh – na tillibh dhan taigh a-chaoidh gus a bheil Seirbheis an Teine is na Tèarainteachd air a dhèanamh sàbhailte

**Bacadh is tèarainteachd teine**



*“Chan eil tèarainteachd ri linn teine san taigh air atharrachadh agus ma bhios teine ann, “Fàgaibh”, “Fuirichibh A-muigh” agus “Cuiribh Fios air an Inneal-smàlaidh” le bhith a’ cur fios gu 999. Na tillibh a-chaoidh dhan taigh gus an innis an Luchd-smàlaidh dhuibh gu bheil e sàbhailte a leithid a dhèanamh.”*

**Jeff Ord**, Neach-sgrùdaidh na Bàn-rìgh airson nan Seirbheisean Smàlaidh

Ma tha rabhadh boma san àite-obrach agaibh, gabhaibh comhairle luchd-rianachd.

Ma spreadhas boma san togalach agaibh, lorgaibh an t-slighe a-mach as tèarainte.

**Ma thèid ur glacadh ann an sprùilleach:**

- Cumaibh dlùth ri balla agus dèanaibh cnag air pìoban gus an cluinn luchd-teasairginn sibh
- Na cleachdaibh lasadairean gun fhios nach sgeith gas

Ma spreadhas boma an taobh a-muigh ur togalaich, fuirichibh na bhroinn (air falbh bho uinneagan, àrdaichearan agus dorsan a-muigh) gun fhios nach eil boma eile air an àrainn.

Mas e ‘s gum faca sibh an spreadhadh, fuirichibh air an àrainn ann an àite tèarainte agus innsibh dan phoileas dè chunnaic sibh.

**Bomaichean**

Chaidh an Luchd-smàlaidh uidheamachadh beagan bhliadhnaichean air ais gus àireamh mhòr dhaoine a dhì-thruaillleadh gu math luath. Bithear a’ dèanamh seo le bhith a’ frasadh le siabann agus uisge agus an uair sin a’ sgeadachadh ann an aodach sealach air a thoirt seachad. Tha e cudromach gun tachair seo far an do dh’èirich na dh’èirich gus nach bi àrainnean eile, mar an dachaigh, air an truailleadh. Nan robh feum air, dhèanadh luchd seirbheis na slàinte sgrùdadh oirbh cuideachd.

999

- Gluaisibh air falbh bhon àite as fhaighe cunnart
- Ach fuirichibh gus an nochd luchd nan seirbheisean-èiginn gus ur sgrùdadh agus, ma tha feum air, ur dì-thruaillleadh
- Ma thèid sibh dhachaigh gun leigheas is dòcha gum dèan sibh truailleadh air daoine eile agus gum fàs an tachartas nas miosa

### Tachartas ceimigeach, bith-eòlasach no radio-eòlasach (CBR)

Ma tha gearradh mòr cumhachd ann, cuiribh innealan dealanach dheth a thig air ais gu fèin-ghluasadach leis a’ chumhachd – ma thòisicheas mòran aig an aon àm, ‘s dòcha gum bi cus air an t-siostam. **Èistibh ri** radio ionadail airson comhairle agus naidheachdan le bhith a’ cleachdadh radio a tha ga ruith le bataraidh.

*Anns a h-uile  
fear de na  
suidheachaidhe  
an seo –  
gabhaibh air ur  
socair agus  
èistibh ri  
comhairle  
muinntir nan  
seirbheisean-  
èiginn.*

### **Tha planaichean èiginn anns a h-uile ceàrnaidh den Rìoghachd**

Tha am poileas, luchd-smàlaidh agus muinntir nan carbadan-eiridinn air deuchainn a chur air planaichean a tha mar fhreagairt air tachartasan, bho theine gu spreadhadh, co dhiubh a tha iad aig an taigh, san sgoil no a' bualadh air dòighean siubhail.

### **Slàinte agus ospdalan**

Tha acainn-èiginn, stuth breac-a'-chruidh agus antibiotaicean gan gleidheadh air feadh na Rìoghachd agus gabhaidh iad a thoirt do lighichean gun dàil.

### **Eacarsaichean planaidh èiginn**

A h-uile bliadhna, tha mòran eacarsaichean gan cumail anns a bheil muinntir nan seirbheisean-èiginn agus na buidhnean uile a tha an urra ri aiseag an sàs. Bidh na h-eacarsaichean seo a' tomhas mar a bhios sinn a' freagairt air èiginn, agus oillteachas, le bhith a' cur deuchainn air cho ullamh agus a tha sinn.

# Na nì sibh **mura** bheil sibh **aig an taigh**

## Sgoiltean

Ma tha a' chlann agaibh san sgoil bidh sibh ag iarraidh an togail cho luath 's a ghabhas ma bhios èiginn mhòr ann. Ach is dòcha nach bi e sàbhailte sin a dhèanamh. Thoiribh **CLUAS RI ÈISTEACHD** don radio ionadail airson comhairle agus fios mu na chuir a' chomhairle ionadail air dòigh gus fios a leigeil do phàrantan cuine bu chòir a' chlann aca thogail bhon sgoil.

Tha planaichean aig na sgoiltean uile gus dèiligeadh ri èiginn gu h-ionadail mar theine is thuil agus bidh luchd-teagaisg agus luchd-taice a' dèanamh nas urrainn dhaibh gus sùil a chumail air a' chloinn ris a bheil iad an urra. Gheibh sibh a-mach barrachd mu phlanadh èiginn sna sgoiltean bho [www.ukresilience.info/home.htm](http://www.ukresilience.info/home.htm)

*...tèarainteachd na cloinne*



## Gnìomhachas

Tha dleastanas air luchd-fastaidh mu tèarainteachd agus shàbhailteachd an luchd-obrach aca. Bu chòir gum biodh dòighean an sàs aig a h-uile gnìomhachas gus gnothach a ghabhail ri mòr-thachartas no mòr-thubaist. Dèanaibh cinnteach gu bheil sibh a' tuigsinn dè dh'fheumas sibh a dhèanamh ma bhios èiginn aig obair.

Mas e gnìomhachas a th' annaibh, airson comhairle mu phlanadh èiginn, rachaibh gu [www.mi5.gov.uk](http://www.mi5.gov.uk)

*tèarainteachd aig obair...*



# Ciad Chobhair bhunaiteach



*"Bu chòir gum biodh a h-uile duine comasach air Ciad Chobhair bhunaiteach a thoirt do dhaoine air an leòn ann an èiginn. Le bhith a' gabhail comhairle simplidh agus a' cur feum air toinisd, thèid beatha shàbhaladh."*

**An Dr. Mac Armstrong, Prìomh Oifigear Leigheis**

Tha e cudromach cudromach gum bi fios aig duine dè tha ri dhèanamh ann an èiginn. Nach gabh sib beachd air beagan ullachaidh ann an Ciad Chobhair fhaighinn agus san trelaich air a son ach am fàs sib cleachdte ris an dòigh san dèiligear ri feadhainn de na suidheachaidhean as bitheanta gu h-iseal. Ma tha cuideigin air a leòn, cumaidh na ceumannan a leanas cho sàbhailte agus a ghabhas gus an tig cobhair dhreachdail.

- Ma tha daoine air an leòn gu dona, cuiribh fios gu **999** sa bhad
- Gabhaibh air ur socair
- Dèanaibh cinnteach nach eil sib fhèin agus an neach air a leòn an cunnart
- Thoiribh cobhair dhan neach air a leòn gu faiceallach agus dèanaibh ga rèir a' cur feum air na ceumannan ann an Ciad Chobhair gu h-iseal – cuimhnicibh nach e stiùireadh slàn ann an Ciad Chobhair a tha ann idir
- Cumaibh sùil air cor an duine air a leòn gus an nochd muinntir nan seirbheisean-èiginn

Ma tha cuideigin neo-fhiosrach is gun coltas beothachaidh orra, cuiribh fios gu **999** agus iarraidh carbad-eiridinn. Ma tha an t-eòlas a tha dhìth agaibh fhèin no aig cuideigin faisg air làimh, thoiribh dhaibh aiseag beul gu beul fhad 's a tha sibh a' feitheamh air muinntir nan seibheisean-èiginn.

### Neo-fhiosrachd

Cumaibh smachd air cur fala a tha gàbhaidh le bhith a' bruthadh gu teann air an lot le ìoc-chòmhdach a tha glan agus tioram agus àrdaichibh i os cionn ìre a' chridhe. Cuiribh an neach sìos, thoiribh misneach dha, cumaibh blàth e agus leigibh aodach a tha teann mu sgaoil.

### Sileadh fala

Le losgaidhean, fuaraichibh le uisge iad fad co-dhiù 10 mionaidean. Paisgibh an àrainn a chaidh a losgadh ann am fiolm claoonach, na cuiribh ìoc-chòmhdach oirre, cumaibh an neach blàth agus cuiribh fios air carbad-eiridinn.

### Losgaidhean

Feuchaibh gun cumar cho ciùin gun ghluasad agus a ghabhas.

### Cnàmhan briste

Ma tha sibh ag iarraidh barrachd fiosrachaidh no comhairle, rachaibh gu [www.redcross.org.uk/firstaid](http://www.redcross.org.uk/firstaid) no gu [www.firstaid.org.uk](http://www.firstaid.org.uk)

# Ag ullachadh airson èiginn – nas urrainn **dhuibh** a dhèanamh

**Gus ullachadh a dhèanamh airson èiginn, faighibh a-mach mu na leanas:**

- Mar a tha an t-uisge, an gas, agus an dealan gan cur air agus dheth san taigh agaibh
- Na dòighean-obrach an àm èiginn don a' chloinn agaibh san sgoil
- Na dòighean-obrach an àm èiginn san ionad-obrach agaibh
- Mar a chumas an teaghlach agaibh ceangal ribh ma dh'èireas èiginn
- Ma tha nàbaidhean agaibh a tha aosta no so-leònte am feum cuideachaidh bhuaibh
- Mar a chuireas sibh an stèisean radio ionadail agaibh air ghleus



**Ma tha sibh aig an taigh nuair a dh'èireas èiginn, dèanaibh oidhirp air na leanas a chruinneachadh:**

- Liosta àireamhan fòn feumail mar àireamh an lighiche no an luchd-dàimh as fhaisge oirbh
- Iuchraichean an taighe 's a' charbaid
- Stuth-ionnlaid, stuth-slàinteachais agus cungaidh-leigheis a bhios sibh a' gabhail gu cunbhalach
- Radio le bataraidh agus feadhainn a bharrachd
- Biùgan, le bataraidhean a bharrachd, coinnean agus lasadairean
- Trealaich Ciad Chobhair
- Am fòn-làimhe agaibh
- Cairtean airgid agus creideis
- Aodach agus plaidichean a bharrachd

**Cuideachd, tha e an-còmhnaidh cuideachail a leithid seo a bhith agaibh:**

- Uisge ann am botail, biadh a ghabhas ithe san spot (m.e. ann an crogain) agus fosglair botail/crogain gun fhios nach bi agaibh ri fuireach a-staigh fad làithean

**Uair ainneamh ainneamh, is dòcha gun tèid iarraidh oirbh an dachaigh fhàgail le muinntir nan seirbheisean-èiginn. Ma thachras seo, fàgaibh cho luath 's a tha agaibh agus air ur socair. Agus, ma bhios tìde agaibh:**

- Cuiribh dheth an dealan, an t-uisge agus an gas, cuiribh goireasan dheth agus glaisibh na dorsan agus na h-uinneagan uile
- Seallaibh na nithean gu h-àrd feuch dè bheir sibh leibh
- Ma dh'fhagas sibh ann an carbad, thoiribh leibh uisge ann am botail agus plaidichean agus cuiribh an radio ionadail air ghleus airson comhairle agus fios èiginn

Nuair a thathar air innse dhuibh gu bheil e sàbhailte tilleadh dhachaigh, fosglaidh na h-uinneagan gus àile ùr a leigeil a-steach mus cuir sibh an gas, an dealan agus an t-uisge air ghleus a-rithist.

# A' cuideachadh gus stad a chur air ionnsaigh le luchd-oillteachais

*"Thathar a' dèanamh rannsachaidh mu na brathan uile a gheibhear air an loidhne bheò mus dèan am poileas càil. Fàgaibh againn fhèin dèanamh a-mach a bheil am fiosrachadh a tha agaibh feumail gus nach eil. Tha feum mòr againn fhathast air ur cuideachadh gus lùghdachadh a dhèanamh air a' chunntas a beir luchd-oillteachais. Gu dearbh, chaidh stad a chur air àireimh de dh'eucoirean oillteachais mar sin mar thoradh air sùilean agus cluasan a' phobail."*

**Peter Clarke**, Leas-choimisinear Cuideachaidh Co-òrdanaiche Nàiseanta APCO Rannsachaidhean Oillteachais

*Faodaidh sibh fios a chur gu Loidhne Bheò a' Phoileis an aghaidh an Oillteachais air 0800 789 321. Èistear ribh ann an dìomhaireachd. Ma tha sibh den bheachd gu bheil beatha an cunnart an-dràsta fhèin, cuiribh fios gu **999**.*



Is dòcha gu bheil fiosrachadh glè chudromach agaibh. Ma chluinneas sibh no ma chì sibh no ma thig sibh air dad a dh'fhaodadh a bhith ceangailte ri obair-oillteachais, cuiribh fios chun a' phoileis. Bidh iad ag iarraidh chluinntinn bhuaibh.

## Tha feum aig luchd-oillteachais air...

**Àite-fuirich:** A bheil amhras agaibh mu luchd-gabhail no luchd-aogheachd sam bith?

**Planadh:** Am faca sibh duine sam bith a' toirt aire a-mach às an àbhaist do cheumannan tèarainteachd san àite?

**Airgead:** Is dòcha gun tòisich daoine cunntasan breugach banca, gum breacaich iad cairtean-creideis no gun cuir iad bathar air ais airson suim mhòr airgid.

**Trealach:** Mas e neach-reic a th' annaibh, a bheil adhbhar sam bith agaibh a bhith amhrasach mu dheidhinn càil sam bith a cheannaich sibh?

**Comharraidhean oillteachais a dh'fhaodadh a bhith ann**

Chan eil ar comas stad a chur air ionnsaigh luchd-oillteachais an crochadh air na h-ùghdarrasan a-mhàin. Tha cho math is a shoirbhicheas leinn cuideachd an crochadh **oirbh fhèin**.

Gheibhear ceanglaichean ri fiosrachadh agus comhairle fheumail aig [www.preparingforemergencies.gov.uk](http://www.preparingforemergencies.gov.uk)



*"Is e bacadh an oillteachais an obair as cudromaiche do MI5. Ag obair gu dlùth le luchd-pàirteachaidh èigneachadh an lagha agus fiosrachaidh, bidh sinn a' feuchainn ris an Rìoghachd a chumail sàbhailte agus a dhèanamh doirbh do luchd-oillteachais a bhith ag obair an seo. Ach tha aire, toiniseag agus co-obrachadh a' phobail a-cheart cho cudromach agus nan cuid riatainaich de fhreagairt na Rìoghachd anns an fharsaingeachd."*

**Eliza Manningham-Buller**, Àrd-stiùriche Seirbheis na Tèarainteachd (MI5)

**Mar as trice, bidh ionnsaighean boma le luchd-oillteachais a' tachairt ann an àiteachan poblach, gu sònraichte far am bi daoine a' cruinneachadh no a' siubhal.**

- Bithibh furachail
- Cumaibh sùil a-mach airson giùlan, carbadan no pacaidean a tha nan adhbhar-amhrais
- Na bithibh leisgid idir fios a chur chun a' phoileis

**An aire**

Is e tèarainteachd a' phobail an rud as cudromaiche dhuinn anns a h-uile co-dhùnadh mu fiosrachadh no rabhaidhean poblach. Is e poileasaidh an Rìghaltais rabhaidhean a thoirt seachad nuair as urrainn don phoball gnìomhadh mar fhreagairt air bagairt shònraichte no air bagairt a ghabhas creidsinn. Bheir rabhaidhean mar sin barrachd fiosrachaidh cuideachd a chuidicheas am poball gus freagairt nas èifeachdaiche a thoirt seachad.

**Poileasaidh an riaghaltais mu oillteachas**

# Dè thathar a' dèanamh gus an Rìoghachd Aonaichte a **dhìon**?

Tha am polieas, an luchd-smàlaidh agus muinntir nan carbadan-eiridinn air an ullachadh gus gnothach a ghabhail ri èiginn agus tha uidheamachadh fa leth aca airson tomhas farsaing de shuidheachaidhean. Ma tha feum air, faodaidh an Riaghaltas cobhair iarraidh air an arm agus air na seirbheisean èiginn.

Tha an ìre dham bheilear a' rannsachadh bhagaichean agus luchd-siubhail ann am puirt-adhair na Rìoghachd air a dhol am meud agus far a bheil e iomchaidh bidh itealain na Rìoghachd a' giùlan poileis ann an aodach cumanta. Thathar air dorsan làidir earball a' choilich a chur air itealain mhòra cuideachd.

Tha sinn cuideachd air siostaman ùr-nodha a chur a-steach gus sùil a chumail air gnothaichean aig calaidhean agus ann an àiteachan far am bi daoine a' tighinn a-steach don Rìoghachd. Cuideachd, tha planaichean èiginn aig a h-uile gnìomharrache còmhdhail gus ur toirt air falbh gu sàbhailte bho na seirbheisean aca ma bhios èiginn ann.

Gus faighinn a-mach cho sàbhailte agus a tha ceann-uidhe no dùthaich àraid, iarraibh air an neach-ionaid siubhail agaibh air neo air Oifis Ghnothaichean Thall Thairis agus a' Cho-fhlaitheis aig [www.fco.gov.uk](http://www.fco.gov.uk) no fònaibh gu 0870 606 0290.

**A' siubhal**



Sa trì bliadhna a chaidh seachad, thàinig feabhas air tèarainteachd mu ghoireasan riatanach nàiseanta mar uisge, lùth agus còmhhdhail, agus comhairle mu shàbhailteachd do ghnìomhachasan is do dh'àiteachan is do laghan a dh'fhaodadh a bhith an cunnart a dhaingneachadh gus a bheil e nas dorra do luchd-oillteachais a bhith ag obair an seo.

Feumar mòran den obair seo a chumail dìomhair gus nach fhaigh luchd-oillteachais grèim air fiosrachadh feumail.

**Feabhas san Rìoghachd**

**B'eudar dhan Rìoghachd tighinn beò agus bagairt an oillteachais ann fad ùine fhada agus tha dòighean stèidhichte an sàs aig muinntir nan seirbheisean-èiginn gus aghaidh a chur air tomhas farsaing de shuidheachaidhean.**

Tha clàr-obrach farsaing aig an Riaghaltas gus freagairt nas fheàrr a thoirt air èiginn ùpraidich a dh'fhaodadh buaidh fhàgail air an Rìoghachd, seach an t-oillteachas a-mhàin.

Tha e mar amas aige a dhèanamh cinnteach gum faod sinn freagairt a thoirt air èiginn aig ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail agus a dhèanamh cinnteach gun cùm na seirbheisean riatanach (biadh, uisge, còmhhdhail, slàinte, seirbheisean ionmhais agus a leithid) orra ag obair'.

# A' cur fios an àm èiginn

'S dòcha gum biodh e feumail dhuibh am fios seo a lìonadh agus a chumail ann an àite tèarainte. Bu chòir gum faigh sibh lorg air na h-àireamhan seo nur leabhar-seòlaidh ionadail.

Ainm	Àireamh Fòn
Seirbheisean-èiginn	<b>999</b>
SNS Dhìreach	<b>0845 4647</b>
Loidhne Bheò an aghaidh an Oillteachais	<b>0800 789 321</b>
Oifis Ghnothaichean Thall Thairis agus a' Cho-fhlaitheis	<b>0870 606 0290</b>
Stèisean a' Phoileis Ionadail	
Ùghdarrasan Ionadail	
Dotair	
Obair	
Sgoil	

**Stèisean Radio Ionadail**

**Tricead (seallaibh sna pàipearan ionadail airson barrachd fiosrachaidh)**

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ullachadh an àm èiginn aig [www.preparingforemergencies.gov.uk](http://www.preparingforemergencies.gov.uk)



# Cuimhnichibh...

**Ma tha sibh ann an èiginn sam bith, tha na leanas cudromach:**

- Dèanaibh cinnteach gu bheillear air fios a chur gu **999** ma tha daoine air an leòn no ma tha beatha an cunnart
- Na cuiribh sibh fhèin no daoine eile an cunnart
- Gabhaidh comhairle muinntir nan seirbheisean-èiginn
- Fuirichibh air ur socair mas urrainn dhuibh agus breithnichibh mus cuir sibh an gnìomh agus dèanaibh oidhirp air misneach a thoirt do dhaoine eile
- Thoiribh sùil a bheil duine sam bith air a leòn – cuimhnichibh air sealltainn oirbh fhèin an toiseach mus fheuch sibh ri daoine eile chuideachadh

Mas e ‘s nach do bhuail tubaist oirbh fhèin ach gu bheil sibh faisg air làimh no ma tha sibh den bheachd gu bheil sibh an cunnart, is e a’ chomhairle *mar* as trice: **RACHAIBH AM BROINN, FUIRICHIBH NA BHROINN, DÈANAIBH CLUAS RI ÈISTEACHD.**

Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig [www.preparingforemergencies.gov.uk](http://www.preparingforemergencies.gov.uk)

**Reubaibh an duilleag seo dheth agus cumaibh an àiteigin sàbhailte i mar fhiosrachadh dhuibh.**

© Crown Copyright 2004

Faodar teacsa na sgrìobhainn seo a bhreacadh saor an-asgaidh ann an cruth no ann am meadhan sam bith gun cead sònraichte iarraidh. Tha seo san tuigse nach tèid an stuth a chleachdadh air mhòd a tha tarchuiseach no a mhi-threoraicheas daoine. Feumar tús an stuth aideachadh mar chòir a' Chrùin agus feumar tarraing a thoirt air tìotal na sgrìobhainn nuair a thathar ga breacadh mar phàirt de dh'fhoilseachadh no de sheirbheis eile.